

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu

8/11/19, 1000-1400

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (*sa Chathair*) Jo NicDhòmhnaill
Ailean Dòmhnallach Marion Nic na Ceàrdaich

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail nòtaichean*)
Murchadh MacSuain (*Manaidsear Conaltraidh*) airson puingeon 6 & 11
Stuart Martin (*BBC*) airson puingeon 8 & 9

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)

1. Leisgeulan

1.1 Calum MacFhearghais.

2. Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 4/9/19

3.1 A thuilleadh air aona atharrachadh aig 7.9, aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do dh'Àrd-deasaiche Naidheachdan agus Ceannard Naidheachdan aig BBC Scotland a thighinn chun Chomataidh sa Ghearran 2020. (Gnìomh: MAMI)

4.2 LearnGaelic - chaidh innse gun deach Manaidsear Ionnsachaidh a chuir an dreuchd le Sabhal Mòr Ostaig.

4.3 Chaidh innse gun deach làrach-lìn ath-dhealbhaichte a chuir air bhog air 10/10/19, le toiseachd tòiseachaidh soirbheachail.

5. Dèanadas BBC ALBA agus na Meadhanan Sòisealta

5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais.

5.2 Leis a' ghluasad a tha a' tachairt gu bhith a' coimiseanadh barrachd stuthan goirid, agus an fheum air modailean coimiseanaidh ùra, chaidh a mholadh a) gum biodh e feumail còmhraidhean a chumail le diofar bhuidhnean leithid TRC, SE, HIE, Alba Chruthachail gus coimhead ri modail eaconamaiceach airson na roinne neo-eisimeileach san àm ri teachd agus b) gum bu chòir beachdachadh air pìos obrach a chur a-mach gu tairgse gu luchd-comhairleachaidh eaconamaiceach a bha eòlach air an roinn chruthachail feuch a bheil an roinn uidheamaichte airson a leithid. (Gnìomh: IMT)

5.3 Thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh air na figearan sa phasgan fiosrachaidh mu dèanadas ioma-ùrlar BBC ALBA agus bha buill riarachta. Chaidh a chomharrachadh gu bheil figear no dhà ann a dh'fheumas ùrachadh. (Gnìomh: IMT).

6. Measadh air luach is èifeachdas oidhirpean sanasachd

6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn dè na pàipearan a bha a' togail naidheachdan mu shusbaint BBC ALBA. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachta.

6.2 Chaidh aontachadh gun tèid coimhead ris a bheil an t-seirbheis Press Data agus am modail obrach le Bòrd na Gàidhlig fhathast ag obair mar bu chòir, gus a bheil buill fiosraichte gu luath nuair a tha prìomh chinn-naidheachd chudromach a' nochdadh sna pàipearan. (Gnìomh: MMS)

7. Gàidhlig ann am prògraman

7.1 Bha pàipear air beulaibh le fianais bho TRP a tha air a bhith a' cur ceist sònraichte air a' phannal luchd-amhairc mu inbhe na Gàidhlig ann am prògraman gach seachdain bho Samhain 2017. Chaidh deasbad a chumail.

7.2 Chaidh measadh gu robh beachd a' phannail làidir gu robh inbhe na Gàidhlig iomchaidh a-rèir an luchd-amhairc riarachta. Bha buill riarachta ris an fhiosrachadh sin agus chumadh suas oidhirpean airson dèanamh cinnteach gu robh a' Ghàidhlig an còmhnaidh cho math 's a ghabhas.

8. iPlayer

- 8.1 Leis an iPlayer na so-mhaoin air leth cudromach do BhBC ALBA, bha an ìsleachadh ann an àireamhan na adhbhar dhragh.
- 8.2 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.
- 8.3 Bha Àrd-neach Rannsachaidh a' BhBC an làthair agus thug e taisbeanadh seachad, a' mìneachadh nan figearan as ùire agus ann an co-theacsa cleachdadh an iPlayer san fharsaingeachd.
- 8.4 Chaidh taing a thoirt dha airson a bhith an làthair agus thèid lèirmheas air iPlayer a chuir ann an clàr-obrach na Comataidh. (Gnìomh: MAMI).

9. Naidheachdan

- 9.1 Le àireamhan luchd-amhairc loidhneach Naidheachdan air a dhol sìos san fharsaingeachd, tha ìsleachadh sònraichte air a bhith fhaicinn leis An Là.
- 9.2 Bha pàipear air beulaibh bhall, le fiosrachadh mu dà phìos rannsachadh sònraichte a chaidh an dèanamh le TRP leis a' phannal luchd-amhairc Gàidhlig mu mar a bha luchd-amhairc BBC ALBA a' faighinn/coimhead ri Naidheachdan.
- 9.3 Bha Àrd-neach Rannsachaidh a' BhBC an làthair. Thug e taisbeanadh seachad, a' mìneachadh an rannsachaidh agus ann an co-theacsa naidheachdan san fharsaingeachd agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu robh am pannal Gàidhlig aig TRP gu mòr den bheachd gu robh prògram An Là aig ìre iomchaidh. Chaidh innse cuideachd gu robh deagh phàirt den phannal den bheachd gu robh iad a' coimhead barrachd de An Là na bha iad ged a tha na figearan a' sealltainn gur e deagh phìos nas lugha a tha iad a' coimhead. Bha an contrarrachd (contradiction) seo duilich a rèiteachadh.
- 9.4 An dèidh an taisbeanaidh, chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh gur e pàtrain coimhead choitinn a tha ag atharrachadh, le mòran luchd-cleachdaidh a-nis airson innealan a chleachdadh mar sheirbheis naidheachd, agus gur ann air an t-seirbheis naidheachd dhidseatach Ghàidhlig a bu chòir barrachd fòcas a chur, gun a bhith a' call dad bhon phrògram telebhisean.
- 9.5 Bidh dùil ri Àrd-Dheasaiche Naidheachdan Gàidhlig agus Ceannard Naidheachdan aig BBC Scotland a thighinn chun Chomataidh sa Ghearran 2020.

10. Ro-innleachd ioma-ùrlar

- 10.1 Chaidh prionnsabalan ro-innleachd ioma-ùrlar BB ALBA a dheasbad aig Bòrd na Co-bhanntachd agus aig Bòrd MG ALBA san t-Sultain 2019.
- 10.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air ciamar a thèid na prionnsabalan sin a chuir an sàs agus dè tha sin a' ciallachadh a thaobh ionmhais.
- 10.3 Chaidh còmhraidh a chumail mu dhràma agus ciamar a bha cùisean a' gluasad le Alba Chruthachail. Chaidh innse gu bheil dàimhean gan togail leotha agus gu bheileas dòchasach gun tig piseach air cùisean.
- 10.4 An dèidh deasbad, chaidh aontachadh aig coinneamh san àm ri teachd, puing a chuir air a' chlàr a choimheadas ri dràma bho thaobh pròiseact choimearsalta. (Gnìomh: IMT)
- 10.5 Thèid tionndadh eile den ro-innleachd a chuir air beulaibh a' Bhùird as t-Samhain. (Gnìomh: IMT)

11. Measadh air a' ghnè òigridh

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a) ciamar a tha na meadhanan Gàidhlig an-dràsta a' frithealadh dheugairean le Gàidhlig; b) iomradh air iomairtean a tha a' dol agus c) na h-ath cheumannan.
- 11.2 Chaidh deasbad a chumail agus bha buill riarachtaichte.
- 11.3 Chaidh còmhraidh a dhèanamh mu na seanailean Youtube a bhathas an dòchas a bhios air am foillseachadh ron Nollaig. Thèid fios a chumail ri buill mun fhoillseachadh. (Gnìomh: IMT)
- 11.4 Chaidh a mholadh gum biodh e feumail bruidhinn ris an Riaghaltas agus ris a' Mhinistear airson Eaconomaidh Didseatach gu robhas ag obair air a' phròiseact seo agus ciamar a b' urrainn dhaibh taic a chuir ris. (Gnìomh: IMT)

12. Aithisean dèanadais Q2 2019/20

- 12.1 Chaidh an aithisg ràitheil Air-loidhne agus Meadhanan Sòisealta a chomharrachadh.

13. GISBE

- 13.1 Chaidh meal a naidheachd a chuir air an sgioba a bha an sàs ann a bhith a' gleidheadh airgid bhon mhaoin aig BFI Young Audiences Content Fund, agus thèid dheagh dhùrachdan a chuir gu Sorbier airson an cuid soirbheas. (Gnìomh: IMT)

14. Deit na h-ath choinneimh – tbc Feb 2020

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: